


Saoghal Guanach
Ìre 8

Ceiteag agus a' phoit-pheant



Ainm:

Freagair gach ceist ann an seantans nad leabhar-sgrìobhaidh.

1. Dè bha Ceiteag a' dèanamh air a' choimpiutar an latha ud? (duilleag 4)

2. Carson a bha a' bhruis-pheant feargach? (duilleag 5)

3. Ciamar a fhuair Ceiteag agus Blip a bhroinn a' choimpiutair? (duilleag 5, 6)


4. Innis trì rudan a chunnaic Ceiteag agus Blip anns a' choille. (duilleag 9)

5. Dè an rud a chuir iongnadh air Ceiteag agus Blip nuair a chaidh iad a-steach gu teatha? (duilleag 10)

6. Dè rinn Granaidh gus Nighean Bheag a' Chòta Dheirg a dhèanamh toilichte? (duilleag 11)

7. Carson a bha e cunnartach a dhol air ais tron choille? (duilleag 12)

8. Cò bha toilichte gun tug Ceiteag agus Blip a' phoit-pheant dearg air ais? (duilleag 13)



Ceiteag agus a' phoit-pheant

Sgil: A' freagairt cheistean mun stòraidh ann an seantansan

Ainm:

Sgrìobh plana airson stòraidh mac-meanmnach.

Tha dòigh aig Ceiteag air faighinn a-mach às a' chlasrum gu àite guanach far am faod rudan iongantach àite a ghabhail, agus an uair sin tilleadh air ais gu far a bheil i dha-rìribh.

Sgrìobh plana:


Smaoinich fhèin air suidheachadh far a bheil rudeigin agad ri dhèanamh air a' choimpiutar.

Smaoinich air dòigh airson faighinn às an àite sa bheil thu gu àite mac-meanmnach.

A bheil duine eile còmhla riut? Co?

Innis mu na rudan neònach a tha a' tachairt dhut.

Mu dheireadh ciamar a fhuair thu às agus air ais dhan chlasrum?



A-nis sgrìobh do stòraidh nad leabhar-sgrìobhaidh le cuideachadh on phlana a rinn thu.

Ceiteag agus a' phoit-pheant

Sgil: Goireasan sgrìobhaidh ann an sgrìobhadh mac-meanmnach

Ainm:

**Cuir an stòraidh an òrdugh le bhith a' cur àireamh
ri taobh gach seantans.**

1. Latha bha siud bha Ceiteag na suidhe aig a' choimpiutar sa chlasrum.

— “Càit a bheil mi?” dh'fhaighnich Ceiteag nuair a dh'fhosgail i a sùilean.
“Tha thu am bròinn a' choimpiutair,” arsa Blip.

— “Tugainn,” arsa Blip. “Feumaidh sinn cumail oirnn ga lorg.”

— “Halò, a Cheiteag,” thuirt e. “Is mise Blip. Cuidichidh mi thu a' lorg na poit-
pheant. Dùin do shùilean agus thugainn còmhla riumsa.”

— Dh'iarr Nighean Bheag a' Chòta Dheirg air Ceiteag agus Blip tighinn a-steach
gu teatha... agus an sin air a' bhòrd bha a' phoit mhòr dhearg.

— An sin chaidh an sgrion dearg, gorm, an uair sin uaine, agus nochd aodann
beag.

— Bha tòrr phoit-peant air an sgrion. “Nì mi am mullach dearg,”
thuirt Ceiteag.
Ach nuair a sheall i airson na poit deirg cha robh i ann.

— Cha b' fhada gus an do ràinig iad taigh beag. “Seall,” arsa Ceiteag. “S e
Nighean bheag a' Chòta Dheirg a th' ann.”

Ceiteag agus a' phoit-pheant

Sgìl: A' cur stòraidh an òrdugh

Ainm:

Cuir na facail ann an òrdugh na h-aibidil.

1. dùin dealbh dath duine dreasa

2. spotag sùil stòraidh siud seall

3. taobh toiseach thugainn thug tionndaidh

4. cluinn chaidh cuideigin coille càit

5. caol càit carson call cas


6. faicinn feumaidh feargach fuireach fosgail

Ann am faclair lorg na facail seo agus sgrìobh am mìneachadh.

faiceall: _____

greannach: _____

luath: _____



Ceiteag agus a' phoit-pheant

Sgil: A' cur fhacal an òrdugh na h-aibidil; a' lorg fhacal ann am faclair agus a' sgrìobhadh mun deidhinn

Ainm:

Cuir na litrichean a tha dhìth anns na facail.
Ionnsaich an litreachadh an uair sin.

bh

mh

Sgrìobh am facal slàn.

dèana _____

fala _____

tao _____

mar _____

deal _____

si _____

_____eil

bithi _____

a _____

uai _____

Cuir na litrichean ceart dha na beàrnan.

An sin bha a' phoit-pheant dearg air a' _____òrd.

Tha sinn air a _____ith ga lorg sa h-uile àite.

_____eir sinn leinn a' phoit-pheant.

Thug iad a' phoit-pheant air ais dhan _____ruis-pheant.

Bithi _____air ur faiceall on _____adadh-allaidh.

Thoiri _____an aire mus mar _____am madadh-allaidh si _____.



Ceiteag agus a' phoit-pheant

Sgil: Fuaimean bh agus mh

Ainm:

A' MEASADH FHACAL

Facal	Aithnichidh san teacs	Aithnichidh leis fhèin	Sgrìobhaidh gun a bhith ga fhaicinn
agadsa			
ai ce			
choinnich			
cuideachd			
cuideigin			
dh'fhosgail			
dh'iarr			
dhiubh			
faiceall			
feargach			
fhaicinn			
fosgladh			
leinn			
mullach			
phut			
riumsa			
seachad			
sguir			
smèid			
suidhe			
taighe			
toiseach			

Ceiteag agus a' phoit-pheant

Ainm:

Facail cuspair			
a' phoit-pheant			
dealbhan			
dhachaigh			
gobhair			
mullach			
poit-pheant			
shùilean			
spotagan			
taigh-dhoileagan			

Ceiteag agus a' phoit-pheant